

BÒRD NA GÀIDHLIG

Dreachd de Gheàrr-chunntas bho Choinneamh a' Bhùird Stiùiridh air Diciadain 20/02/2019 eadar 11.00 - 18.00 aig Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis

Buill a bha an làthair: Màiri T NicAonghais (Cathraiche eadar-amail) [MTNA]
Ailean Caimbeul [AC]
Dòmhnall MacLeòid [DML]
Dòmhnall MacSuain [fòn]
Fiona Dunn [FD]
Jennifer Gilmour [JG]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]
Joy Dunlop [JD]
Mairi Anna NicUalraig [MNU]
Seumas Whannel [SW]

A' frithealadh: Bòrd na Gàidhlig
Shona NicIlinnein, (Ceannard) [SNI]
Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
Alasdair MacFhionghuin, Ceann nan Seirbheisean Corporra [AMF]
Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh 's Phròiseactan [SK] (Puing 5 a mhàin)
Carol NicIain, (Clàradh)

Deloitte
Conor Healy [CH]

Riaghaltas na h-Alba
Douglas Ansdell [DA]

Bha seisean dùinte eadar Buill a Bhùird is Conor Healy bho Deloitte ro toiseachd na coinneamh.

1 CÙISEAN TÒISEACHAIDH & GEÀRR-CHUNNTAS

1.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche eadar-amail fàilte air na Buill agus na daoine eile a bha an làthair aig a' choinneimh. Cha robh leisgeulan ann.

1.2 A' NOCHDADH CHOM-PÀIRTEAN

AC: Pàipear 5 Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
JG: Pàipear 3 Comann na Gàidhlig [CnaG] & Comhairle Bhaile Dhùn Èideann
DML: Pàipear 3 CNES & CnaG
DMS: Pàipear 5 Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
MANU: Pàipear 3 An Lòchran
MNI: Pàipear 4 Comhairle Siorrachd Àir a Tuath agus Pàipear 7 PT1 GIFT

1.3 GEÀRR-CHUNNTASAN AGUS CLÀR GHNÌOMHAN

Chaidh atharraichean a chlàradh airson an geàrr-chunntas 05 & 06/12/2018. Bha seo a toirt a steach gun robh am Bòrd air aontachadh ris am pàipear bho Comataidh Cor na Buidhne a chaidh a choimhead ris ann a seisean dìobhair, is bu choir seo a chur ris a ghèar chunntas.

Co-dhùnadh

GHABH na buill ris na geàrr-chunntasan airson na coinneamh, leis na h-atharraichean a chaidh a thogail.

Gnìomhan:

- 1 Cuartaichidh AMF dearbhadh air am pròiseas airson clàradh co-dhùnaidhean is gnìomhan a tha tighinn à còmhraidhean air pàipearan na cuspairean a tha gan togail fo seisean dìobhair.
- 2 Bu chòir ùrachadh a dhèanamh ri puingeann gnìomh a tha fhathast rin coileanadh gach turas a tha iad a tilleadh dhan Bhòrd.

1.4 CÙISEAN A THOG CEANN BHON CHOINNEIMH NACH EIL FO PHUING EILE DEN CHLÀR-GHNOTHAICH

Thug an Ceannard geàrr-iomradh air an adhartas a tha air a bhith ann le cùisean bhon choinneimh mu dheireadh.

Thug na Buill **FA-NEAR** den fhiosrachadh.

1.5 GISBE

1.5a Ionad Nis

Thug DMS cunntas air na diofar thairgsean de chuideachadh a fhuaradh bhon teine a thachair aig an ionad ann a Nis.

Gnìomh:

Dh'iarr an Cathraiche eadar-amail air a Cheannard sgrìobhadh gu foirmeil Urras Ghabhsainn taic a thabhainn dhaibh às leth a' Bhùird.

1.5b MEASADHEAN PEARSANTA AIG NA BUILL

Thug na Buill fa-near nach robh a' phròiseas measaidh aca air a chrìochnachadh is gum biodh iad a' cur fàilte air cumail a dol gus na measaidhean pearsanta aca a chrìochnachadh.

Gnìomh:

Tha aig AMF ri conaltradh leis an Cathraiche eadar-amail air am pròiseas airson measaidhean pearsanta na buill a chur an gnìomh.

1.5c SEISEAN LE CONOR HEALY BHO DELOITTE

Fhuair Conor Healy [CH] cuireadh geàrr-iomraidh a thoirt seachad air an *Sgrùdadh Farsaing* a rinn e leis a bhuidheann o chionn ghoirid, as leth Sgrùdadh Alba.

Thèid an aithisg aige a chur chun a' Cheannaird mus tèid a thoirt don Chomataidh Sgrùdaidh airson beachdachadh aig toiseach a' Ghiblein. Leanaidh an leudachadh seo den phròiseas sgrùdaidh àbhaisteach gus taic a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig a bhith a' dèiligeadh ri cùisean sam bith a dh' fhaodadh a bhith feumach air leasachadh. Tha e dol a chuariteachadh am “Code of Audit Practice” gu na buill mar fhiosrachadh, toirt a steach iùil mun “Luach as Fhèarr”.

Thug na Buill **FA-NEAR** den fhiosrachadh is taing do CH airson an soillearachadh.

1.5d IARRTAS FMG COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A TUATH

Ghabh na Buill **FA-NEAR** den fhiosrachadh bhon Ceannard is DA air an adhartas a tha a-nis air a dhèanamh le tagraichean phàrantan airson solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns an sgìre.

2.0 LEASACHADH NA BUIDHNE

PT1. TAIC DO LEASACHADH NA BUIDHNE

Thug an Ceannard seachad sealladh farsaing air a' phàipear. Chaidh deasbad a chumail air cuingeadan buidseat cosgaisean ruithe agus oidhirpean airson dòighean a lorg gus sgilean a leasachadh, is dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh amasan.

Thug na Buill **FA-NEAR** den fhiosrachadh, is tha iad a sealltainn gu bheil iad taiceil ris an leasachadh tro dealas le bhith a' cruthachadh comataidh ùr, Comataidh Cor na Buidhne, a tha ri taic a chumail ri luchd-obrach agus leasachadh eagrachaidhean.

Gnìomh:

Bu chòir clàr-ama de sia mhìosan ainmeachadh airson an obair a bhith air a chrìochnachadh.

PT2. A' DÈILIGEADH RI DÙBHLAIN A THAOBH FASTADH LUCHD-OBACH

Thug an Ceannard seachad sealladh farsaing air an t-sònrachadh, a tha air na prionnsabalan a ghabhail bhon sgrùdadh IIP agus na molaidhean a thàinig gu buil as. Bithidh seo a' toirt a-steach molaidhean sgrùdaidh *Sgrùdadh nas Fharsaing* aon uair sa tha am fiosrachadh sin ann.

Gnìomh:

Cuiridh an Ceannard na atharraichean a chaidh a mholadh ris an sònrachadh, agus thèid an dreachd ùr a chuariteachadh gu Buill airson a dhearbhadh aig a' choinneimh an ath latha.

PT3 PÀIRT A CEUMANNAN EADAR-AMAIL AIRSON DREUCHD STIÙIRICHE FOGHLAIM

Co-dhùnadh:

An dèidh deasbad **GHABH** na Buill ris na ceumannan eadar-amail a mhol an Ceannard.

PT3 PÀIRT B CEUMANNAN EADAR-AMAIL AIRSON DREUCHD CEANN ROINN CONALTRAIDH

Co-dhùnadh:

GHABH Buill ris am moladh sa phàipear.

3 BUIDHNEAN LÌBHRIGIDH COM-PÀIRTEACH

SK a-staigh

**** Dh'fhàg na buill airson na còmhraidhean air na buidhnean com-pàirt aca fhèin****

Thugadh fiosrachadh dha na Buill air na suimeannan pàighidh do na buidhnean a tha air an ainmeachadh. Bhiodh na suimeannan airson nam bliadhnaichean 2020-21 agus 2021-22 ann am prionnsapal a-mhàin a rèir adhartais agus suidheachadh ionmhais a' Bhùird, ach airson Tobar an Dualchais, far a bheil moladh maoineachadh aon bhliadhna. Thig còmhraidhean is taic a thoirt seachad gus am pròiseact aca a leasachadh. Rinneadh deasbad air gach buidheann eile agus chaidh aontachadh ris na suimeannan ga h-ìosail mar a bha iad air an sgrìobhadh. Thig na aithisgean adhartas a nis mar fiosrachadh gu Comataidh Cleachdaidh na Gàidhlig agus gu Comataidh Ionnsachaidh.

Co-dhùnadh:

Ghabh na Buill ris a' mholadh anns a phàipear mar leanas:

		Còd	2019-20	2020-21	2021-22	Iomlan
PT1	Comann na Gàidhlig [CnaG]	100151/2/3	£455,000	£455,000	£455,000	£1.365M
PT2	Stòrlann	100021/2/3/4 & 103011	£310,000	£310,000	£310,000	£930,000
PT3	ICCI	101021/2/3	£103,500	£103,500	£103,500	£310,500
PT4	Theatre gu Leòr	103051/2	£55,000	£55,000	£55,000	£165,000
PT5	An Lòchran	101011/2/3	£35,000	£35,000	£35,000	£105,000
PT6	Ainmean-Àite na h-Alba	101051	£80,000	£80,000	£80,000	£240,000
	IOMLAN		£1,038,500	£1,038,500	£1,038,500	£3.116M
		Còd	2018-19	2019-20	2019-20	Iomlan
			31-03-2019	31-08-2019	13-03-2020	
PT7	Tobair an Dualchais	101031	£35,000	£12,500	£12,500	£60,000

Comhairle	£ 19-20	£ 20-21	£ 21-22	Iomlan
	A rèir ìre na taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba	Ann am prionnsabal, a rèir adhartais fhreagarraich agus suidheachadh ionmhais a' Bhùird		
Comhairle nan Eilean Siar [2.7 FTE]	£93,500	£94,300	£95,100	£282,900
Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid [1.0 FTE]	£33,700	£34,000	£34,200	£101,900
Comhairle Baile Dhùn Èideann[0.5 FTE]	£15,300	£15,500	£15,600	£46,400

Gnìomh:

Bu chòir SK iarraidh air na buidhnean a tha faighinn maoinachadh, tro na cùmhnantan aca, amas sia brathan naidheachd gach bliadhna a chur a mach, is a toirt an aire chun taic a tha iad a faighinn bho Bòrd na Gàidhlig.

Dh' fhàg SK

4 LEASACHADH NA GÀIDHLIG

4.1 AMASAN ÀRD-ÌRE

Dh' fhàg MNI is ghabh DML an Cathair

COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A TUATH

Thug DB gearr-iomradh air a' phròiseas thuige seo leis na h-amasan àrd-ìre.

Co-dhùnadh:

GHABH na Buill ris na h-amasan àrd-ìre, is thig seo a nis air adhart chun Mhinistear mar fiosrachaidh.

4.2 PLANAICHEAN GÀIDHLIG

Thill MNI is dh' fhàg AC

PT1: DREACHD DE PHLANA GÀIDHLIG: LEABHARLANN NÀISEANTA NA H-ALBA

Co-dhùnadh:

GHABH na Buill ris a' Phlana.

Thill AC is dh' fhàg DMS

PT2: DREACHD DE PHLANA GÀIDHLIG: OILTHIGH NA GÀIDHEALTACHD AGUS NAN EILEAN

Co-dhùnadh:

GHABH na Buill ris a' Phlana.

Thill DMS dhan choinneimh

4.3 STIÙIREADH REACHDAIL AIR DEASACHADH PHLANAICHEAN GÀIDHLIG

Mhol Comataidh Cleachdaidh na Gàidhlig gun robh an dreachd Stiùireadh Reachdail airson deasachadh Planaichean Gàidhlig a nis deiseal airson a thoirt chun Bhòrd Stiùiridh slàn an-diugh. Thog cuid de na Buill air atharraichean beag, is cuiridh iadsan fios gu DB air post-dealain.

Co-dhùnadh:

GHABH na Buill ris an dreachd, leis an tuigse gun tig na h-atharraichean seo a chur ris.

Gnìomh:

Cuiridh DB an stiùireadh a mach gu co-chomhairle poblach airson trì mìosan, is thèid aithisg air na thig às am pròiseas sin gu Comataidh Cleachdaidh san sa Lùnastal, le dreachd air ath-nuadhachadh den stiùireadh, mus tig e airson dearbhadh deireannach chun Bhòrd san t-Sultain.

Thug an Cathraiche eadar amail na coinneamh gu crìoch aig 18.15

BÒRD NA GÀIDHLIG

Dreachd de Gheàrr-chunntas bho Choinneamh a' Bhùird Stiùiridh air Diardaoin 21/02/2019 eadar 09.15 – 13.15 aig Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis

Buill a bha an làthair: Màiri T NicAonghais (Cathraiche eadar-amail) [MTNA]
Ailean Caimbeul [AC]
Dòmhnall MacLeòid [DML]
Dòmhnall MacSuain [fòn]
Fiona Dunn [FD]
Jennifer Gilmour [JG]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]
Joy Dunlop [JD]
Mairi Anna NicUalraig [MNU]
Seumas Whannel [SW]

A' frithealadh: Bòrd na Gàidhlig
Shona NicIllinnein, (Ceannard) [SNI]
Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
Alasdair MacFhionghuin, Ceann nan Seirbheisean Corporra [AMF]
Carol NicIain, (Clàradh)
Riaghaltas na h-Alba
Douglas Ansdell [DA]

5.0 FÀILTE IS LEISGEULAN

Chuir an Cathraiche eadar-amail fàilte air na Buill agus na oifigearan bha an làthair aig a' choinneimh. Cha robh leisgeul ri chlàradh.

GISBE: CUSPAIREAN A BHARRACHD AIRSON GISBE

PT2 TAIC DO LEASACHADH NA BUIDHNE *[a leantainn bhon 20/02/2019]*

6.0 MAOINEACHADH

PT1 CÙRSA GIFT

Thànaig GCT a steach air am fòn
Dh' fhàg MNI is ghabh DML an Cathair

Chaidh deasbad air a chùrsa GIFT. Tha an cùrsa ri leasachadh airson an ath-bhliadhna 2020-21, is gun tig sònrachas ùr den chùrsa a sgrìobhadh, is thig frèam teagasg na cùrsa a mach gu tairgse cho luath sa tha e deiseal.

Co-dhùnadh:

GHABH a mhòr-chuid iomlan de na buill ris a phàipear mar a chaidh a mholadh bhon Chomataidh Ionnsachaidh, airson leantainn ris a chùrsa airson aon bhliadhna mu dheireadh aig Oilthigh Srath Chluaidh.

An t-sùim a chaidh aontachadh	Loidhne Buidseit:	18-19	19-20
£440,000	102011	£212,000	£228,000

Gnìomh:

Thig cuspair “Leasachadh an Cùrsa GIFT” gu cunbhalach ris an Clár-gnothaich aig Comataidh Ionnsachaidh.

7 RIANACHD CHUNNARTAN

PT1 CLÀR-CHUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL

PT2 CLÀR-CHUNNARTAN OBRACH

Chuir Ceann nan Seirbheisean Corporra na clàran-chunnartan mu choinneamh nam Ball. Tha iad a toirt a steach na h-atharraichean air na h-ìrean cunnairt a bha an Sgioba Stiùiridh a’ moladh. Chlàr AMF na molaidhean aca airson atharraichean.

Co-dhùnadh:

DH’ AONTAICH na Buill ris an fhiosrachadh anns na clàran.

8 RIAGHLADH CORPORRA

8.1 POILEASADHEAN SGIOBACHD

Chuir Ceann nan Seirbheisean Corporra dà phoileasaidh sgiobachd mu choinneamh nam Ball.

PT1 **POILEASADH AIRSON DEAGH SHUNND AGUS DÈILIGEADH RI UALLACH SAN ÀITE OBRACH**

PT2 **MEASADH COILEANAIDH**

Co-dhùnadh:

GHABH na Buill ris an dà phoileasaidh

8.2 CINN-LATHA NAN COINNEAMHAN AIRSON 2019-20

Chaidh deasbad air càite am bu choir dhan coinneamh san Ògmhios a bhith, le moladh air Tìoraidh, ach chaidh aontachadh ri dol dhan Òban, is gum bu chòir glèidheadh a dhèanamh airson Tìoraidh airson coinneamh ann an 2020.

Co-dhùnadh:

GHABH na Buill ris an clàr.

Gnìomh:

Bu chòir AMF a chur air dòigh gun tig glèidheadh a dhèanamh airson àite ann a Tìoraidh san Ògmhios 2020 airson coinneamh a bhùird.

8.3 COILEANADH A’ PHLANA GHNÌOMH

Thug Ceann nan Seirbheisean Corporra am pàipear mu choileanadh a’ Phlana Ghnìomh gu aire nam Ball.

Co-dhùnadh:

Thug na Buill **FA-NEAR** den fhiosrachadh is taing, leis gun robh an fhiosrachadh air leth feumail dhaibh.

9 IONMHAS

9.1 AITHISG IONMHAIS GU 31-12-2018

Thug an Ceannard an Aithisg Ionmhais gu aire nam Ball.

Co-dhùnadh:

Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh anns an aithisg.

9.2 DREACHDAN DE BHUIDSEATAN 2019-20

Chaidh deasbad air pròiseas maoinachadh is mar a tha an sgioba a coileanadh na dleastanas air cumail smachd air na sgeamannan tabhartas. Thogair ceist mun obair as aonais Ceann Roinn an Ionmhas, is thug DB dearbhadh gu bheil cuisean ag obrachadh gu math leis an t-siostam eadar-amail a tha ann an-dràsta. Dhaingnich an Ceannard gum biodh Ailig Greumach a’ gluasad bho In-sgrùdadh gu obair pàirt ùine mar Ceann Roinn an Ionmhais aig toiseachd a Ghiblean, is gun tig gnìomh an In-sgrùdaidh a’ dol a-mach gu tairgse airson cuideachadh bhon taobh a-muigh.

Co-dhùnadh:

GHABH na Buill ris na buidseatan.

9.3 **AITHRIS AIR AN LUACH AS FHÈARR**

Co-dhùnadh:

GHABH na Buill ris an aithris sa phàipear.

9.4 **SGEAMA LE ÙGH DARRAS AIR THIOMNADH**

Chaidh seo ùrachadh, le comhairle bho Sgrùdadh bhon Taobh a-muigh, gus fiosrachadh a ghabhail a-steach mu na cùmhnantan maoineachaidh 3-bliadhna ùra.

Co-dhùnadh:

Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh a chaidh a chur air adhart.

9.5 **PRÒISEAS NAN TUARASTAL**

Mhol Comataidh Cor na Buidhne gum biodh am pàipear seo air a chuir chun a 'Bhùird iomlan airson fiosrachadh, oir thug e sealladh feumail air a' phròiseas a th' ann an-dràsta airson tuarastalan.

Co-dhùnadh:

Ghabh na buill **FA-NEAR** den fhiosrachadh.

10 **CONALTRADH**

CAIRT LUCHD-ÙIDHE

Mhìnich AMF am pròiseas leantainneach airson SS gum bu còir seo a leasachadh. Bidh e a' dol tro cho-chomhairleachadh luchd-obrach coltach ri poileasaidhean eile, agus bu chòir dreach a bhith air a chuir chun a' Bhòrd san Ògmhios.

Co-dhùnadh:

Ghabh na buill **FA-NEAR** den fhiosrachadh.

11 **DREACHDAN DE GHEÀRR-CHUNNTASAN NAN COMATAIDHEAN IS BUIDHNEAN-OBRACH**

PT1 Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig

PT2 Comataidh Cor na Buidhne

PT3 Buidheann-obrach nan Ealain Gàidhlig [BOE]

Thug SW seachad fios bho Comataidh Ionnsachaidh, far a bheil am Buidheann Stiùiridh Nàiseanta Ro-Innleachd Foghlam Ghàidhlig ri tòiseachadh sreath do choinneamhan eile, le buidheann planaigh ùr an deis coinneachadh, is tha iad a cuir air dòigh co-labhairt foghlam bhliadhnail.

Chaidh ceist a thogail le Deloitte mu ballrachd den Chathraiche Eadar-amail air comataidhean is buidhnean obrach.

Co-dhùnadh:

Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh a bha anns na geàrr-chunntasan

Gnìomh:

- 1 Tha aig DB ri leasachadh an dòigh clàraidh adhartas le puingean gnìomh a chur air dòigh airson BOE.
- 2 Tha aig AMF ri ceist a thogail le Deloitte air an suidheachadh le ballrachd den Chathraiche Eadar-amail air comataidhean is buidhnean obrach, airson soillearachadh.

12 GISBE
CUSPAIREAN A BHARRACHD AIRSON GISBE
PT2 Taic do Leasachadh na Buidhne [a leantainn bhon 20/02/2019 le pàipear air ùrachadh bhon Cheannard]

Co-dhùnadh:

As dèidh deasbad **DH' AONTAICH** na buil ris na molaidhean sa phàipear an deis ath-nuadhachadh.

13 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH
03 & 04/04/2019 – Inbhir Nis [*Coinneamh a bharrachd airson aithisg “Sgrùdadh nas Fharsaing”*]
05 & 06/06/2019 – san Òban

Thug an Cathraiche eadar-amail taing dhan Cheannard is na h-oifigearan air fad airson an obair aca, cuir na coinneamh agus an fiosrachadh air dòigh, is dha na buill airson cuir ris na còmhraidhean is na co-dhùnaidhean.

Thug i na coinneamh gu crìoch aig 13.15f.